

Bu chaomh leam mo thaing a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig agus sibh air dreachd Phlana Nàiseanta na Gàidhlig fhoillseachadh. Tha mi gabhail ri tòrr a tha anns a' Phlana, ach bu chaomh leam na leanas a mholadh mar leasachaidhean:

1. Tha am Plana, agus tha an coimhearsnachd Ghàidhlig, feumach air sealladh agus targaidean fad-ùine son a Ghàidhlig agus airson Bord na Gàidhlig. Bu chaomh leam na leanas a mholadh mar targaidean son an cunntas-sluaigh 2021

* Gum bith comas Gàidhlig a' bhruidhinn air neo a thuigse aig 200,000 neach an Alba

* Gum bith comas Gàidhlig a' bhruidhinn aig 20,000 neach eadar aois 3-19

* Gum bith 2,000 neach eadar aois 3-19 aig am bheil a' Ghàidhlig bho thùs mar chànan mhàthaireil

2. Tha am Plana rudeigin fada agus duilich a leughadh. Saoil am b'urrain do Bhòrd na Gàidhlig cruth nas lugha dhen a Phlana a chuir a-mach? Dreachd a tha nas lugha, a tha nas fhasa a leughadh, agus a tha toirt fiosrachadh is molaidhean air dè mar is urrain do dhaoine àbhaisteach piseach a dheanamh air cor na Gàidhlig nam beatha làitheil.

3. Bu chaomh leam barrachd cuideam fhaicinn air coimhearsnachdan Gàidhlig. Is ann anns na coimhearsnachdan seo tha Gàidhlig beò fhathast mar chànan laitheil, ach beò air èiginn an cuid is motha dhen a choimhearsnachdan. Feumaidh am Plana a dhealbhadh de is urrainnear a dheanamh gus a Ghàidhlig a chumail beò sna coimhearsnachdan sinn thairis air na 10-15 bliadhna a leanas.

Alasdair MacLeòid

Inbhir Nis